



## Cuairt gu Taigh Seanair

“Tha mise agus Mòrag a’ dol cuairt bheag gu taigh do sheanar,” thuirt a mhàthair ri Seumas an latha às dèidh na fainge. “Am faod mise a dhol ann cuideachd?” dh’fhaighnich Seumas.

“Siuthad, greas ort, nigh d’ aodann agus do làmhan agus cìr d’ fhalt.” ’S toigh le Seumas agus le Mòrag a bhith a’ gabhail cuairt gu taigh an seanar. ’S ann aig bonn a’ chnuic anns a’ Ghleann Mhòr a tha an taigh beag, ag grinn seo.

’S ann an seo a rugadh agus a thogadh màthair Sheumais agus a piuthar agus a bràthair. Chan eil duine a’ fuireach ann a-nis ach seanair agus seanmhair Sheumais.





## Cuairt gu Taigh Seanair

Freagair na ceistean.

1. Càit an robh màthair Sheumais agus a phiuthar a' dol?

.....

2. Dè an latha a bh' ann?

.....

3. Cò bha ag iarraidh falbh còmhla riutha?

.....

4. Dè rinn Seumas mus do dh'fhalbh iad?

.....

5. Càit a bheil taigh seanair?

.....

6. Cò rugadh agus a thogadh anns an taigh seo?

.....

7 Cò tha a' fuireach ann an taigh seanair a-nis?

.....